



Poblachd Dheamocratach a' Chongo

Fiosrachadh Bunaiteach

'S e dùthaich mhòr ann air taobh siar Afraga a th' ann am **Poblachd Dheamocratach a' Chongo**, no am PDC. 'S i an ceathramh dùthaich as motha ann an Afraga le mu 69 millean a' fuireach innte. Tha i faisg air naoi dùthchannan eile: Poblachd a' Chongo, Poblachd Meadhan Afraga agus Sudan a Deas nam measg. 'S e **Kinshasa** am prìomh-bhaile, agus tha mu 11 millean a' fuireach ann.

Bidh tòrr dhaoine a' bruidhinn Fraingis ann, agus tha còrr is 240 cànan eile ann cuideachd. Bidh an riaghaltas a' cleachdadh Fraingis.

'S e dùthaich bhochd dha-rìreamh a th' innte, agus a' mhòr-chuid a' cosnadh gun ach \$1 no \$2 gach latha.

Cruth-tìre

'S e **Beinn Stanley** a' bheinn as àirde anns a' PhDC aig 5,109m.



Beinn Stanley

Tha am PDC làn de choilltean-uisge, ach tha àiteannan ann cuideachd far am faic thu *savanna*.

'S e Abhainn Chongo an abhainn as motha agus as ainmeile.

Sìde

'S i am PDC an dùthaich as fhluiche ann an Afraga, is uaireannan bidh còrr is 2,000mm a' tuiteam ann an aon bhliadhna.

Beathaichean

Tha tòrr diofar bheathaichean anns a' PhDC, agus tha i ainmeil air an son. Tha i gu sònraichte ainmeil airson nan goiriolathan aice, is bidh daoine a' siubhall ann gach bliadhna airson am faicinn. Chì thu cuideachd ailbhein, sròn-adharcaich agus siompansaidhean gu tric.



Goiriolathan anns a' PhDC

Eaconamaidh

Ged a tha tòrr dhaoine bochda ann, tha an dùthaich làn òir, dhaoimeanan, airgid, guail agus iarainn.

Creideamh

Tha a' mhòr-chuid san dùthaich nan Crìosdaidhean.

Cultar

Tha tòrr diofar chulturan sa PhDC, agus tha an ceòl aice ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha sgioba ball-basgaid na dùthcha uabhasach math.



Papa Wemba: neach-ciùil às a' PhDC

Biadh

Leis gur e dùthaich bhochd a th' innte, bidh tòrr ag ithe biadh sìmplidh saor. Chan eil mòran thuathanasan ann. Tha biadh mar *fufu* agus *kwanga* rim faicinn gu tric.



Fufu